

Comataidh Inbhean MG ALBA

Oifis MG ALBA, Steòrnabhagh

Diardaoin 26 Faoilleach 2017, 1330-1600

Dreach geàrr-chunntas

Buill: Jo NicDhòmhnaill (sa Chathair) Magaidh Choineagan
Catriona Nic a' Phi Iain Stephen Moireasdan (air fòn)

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)
Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis, BBC ALBA)

Rinn Àrd-Rannsaiche bhon BhBC taisbeanadh mu dhèanadais BBC ALBA suas gu Faoilleach 2017/ B' iad na prìomh phuingean: Ruigse cuibheasach seachdaineil airson BBC ALBA am measg a' choimhearsnachd Gàidhlig aig 69.2%; ruigse cuibheasach bhliadhnail aig 68.3%, an ìre as ìsle bho chaidh an t-seanail air gach ùrlar sgaoilidh ann an 2011; tha luchd-amhairc Gàidhlig a tha a' coimhead na seanail ga coimhead airson nas fhaide na bha iad a-riamh aig 5.6 uairean a thìde, an àireamh as àirde bho 2011; am measg a' choimhearsnachd Ghàidhlig bha faireachdainn (general impression) de BhBC ALBA a' cuibhseachadh aig 8.2 – an àireamh as àirde a-riamh; tha ruigse 15m+ airson BBC ALBA aig 14.7% (644,000), nas àirde na 11% sa chairteal roimhe; bha cuibhseach bhliadhnail airson 2016 aig 13.7%, a' sealltainn ìsleachadh.

Chaidh taing a thoirt dha airson a chuid obrach agus airson taisbeanadh cho fiosraichte a thoirt seachad.

1. Leisgeulan

Calum MacFhearghais; Iseabail Nic an t-Sagairt.

2. Gnothach Dearbhte

Magaidh Choineagan – ghabh Magaidh pàirt ann am prògraman air Radio nan Gaidheal aig àm na Nollaige. Bha seo gu saor-thoileach agus cha robh pàigheadh na chois.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 19/10/16

Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

Chaidh iad seo a chomharrachadh.

5. Fianais sheanailean telebhisein

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Tha telebhisean sruthach (linear) mar phrìomhachas ach tha BBC ALBA air a bhith a' faicinn crìonadh. Chaidh còmhradh a chumail mu cho riatanach 's a tha e gu bheilear soilleir mu na dùbhlain agus na cothroman a tha ro BhBC ALBA ann an cumantas ri seanailean telebhisein eile; dè an fheadhainn a tha sònraichte dha BBC ALBA; dè na fuasglaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann do BhBC ALBA tro chompàirteachas agus / no atharrachadh prìomhachasan agus dè na fuasglaidhean a tha an urra ri barrachd maoin.

Chaidh aontachadh gun deigheadh pàipear air ro-innleachd airson nam meadhanan sòisealta, a' coimhead ri dreuchdan/structaran, a chuir fa chomhair a' bhùird air 23/2/17. (Gnìomh: IMT)

6. Lèirsinn 2021 – sùil ràitheil air adhartas a dh'ionnsaigh toraidhean

Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt iomradh air adhartas mu choinneimh gach amas ro-innleachdail Lèirsinn 2021 agus chaidh còmhradh a chumail. Chaidh a chomharrachadh gun deigheadh coimhead tron bhliadhna air na nithean a bha air an comharrachadh ann an dearg ach gu robh e math a bhith a' faicinn adhartas sa mhòr chuid de earrainnean.

7. Buaidh phrògraman clàr an Fhoghair agus na Nollaig (chaidh còmhradh a chumail mu phuig 11 an cois na puig seo)

Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt iomradh air buaidh phrògraman an Fhoghair agus na Nollaige agus chaidh deasbad a chumail. Bha còmhradh ann mu phrògraman ùra a chaidh a chraoladh; mar a chaidh an sanasachadh; an rannsachadh bhon Phannal Gàidhlig tro TRP mu na prògraman; buaidh nàiseanta nam prògraman agus inbhe Gàidhlig sna prògraman.

Ged a bha diofar bheachdan air diofar phrògraman bha aonta ann gu robh clàr na Nollaig san fharsaingeachd làidir agus tarraingeach.

Chaidh aontachadh gu robh feum air coimhead ri diofar dhòighean airson prògraman a mhargaidheachd seach a bhith a' cleachdadh sanasan naidheachd a-mhàin. (Gnìomh: IMT)

8. Gluasad gu ro-innleachd ionnsachaidh

Nochd Cathraiche na Comataidh ùidh dearbhte ri linn 's gu bheil i na Cathraiche air buidheann-stiùiridh Comataidh Comhairleachaidh Cànain.

Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt iomradh air dreach dhen Phlana Nàiseanta Gàidhlig ùr; gnìomhan agus cinn-naidheachd toraidhean rannsachadh Meriel Young Consulting mu bhuidheann-stiùiridh nam meadhanan Gàidhlig air ionnsachadh; àite LearnGaelic agus àite rannsachadh Corpais.

Chaidh aontachadh gu robh e riatanach feitheamh ri toraidhean rannsachadh Meriel Young mus tèidear an sàs gu h-iomlan ann an ro-innleachd airson ionnsachadh. Chaidh a chomharrachadh cho cudromach 's a bha e gu bheil dlùth-cheangal eadar am plana nàiseanta agus an ro-innleachd ionnsachaidh. Chaidh aontachadh fiosrachadh a chuir ris a' Chomataidh nuair a bhiodh an rannsachadh deiseil. (Gnìomh: IMT)

9. Cùmhnantan fo thairgse

a) Pasgain

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh a' phròiseas mu choinneamh tagraidhean chùmhnantan pasgain 2017-2020. Chaidh còmhradh a chumail agus bha buill riarachta leis a' chlàr-ama, le sùil gun tigeadh molaidhean chun bhùird air 23/2/17.

a) Spòrs

Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air na ceumannan a bhiodh ann gus cùmhnant pasgan spòrs fhoillseachadh. Chaidh còmhradh a chumail agus bha buill riarachta leis a' chlàr-ama, le sùil gun deigheadh co-dhùnaidhean fhoillseachadh air 31/3/17.

10. Poileasaidh Gàidhlig MG ALBA

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh Poileasaidh Gàidhlig agus Plana-gnìomh na buidhne. Chaidh aontachadh gum biodh e iomchaidh an tuilleadh ùine agus goireas a chuir gu ruige cuideigin fhadastadh a bheireadh taic le bhith a' toirt luchd-ionnsachaidh na buidhne

air adhart. (Gnìomh: MAMI)

11. Luach is èifeachdas oidhirpean sanasachd tro na Meadhanan Sòisealta

Chaidh seo a dheasbad fo phuing 7.

13. Deit na h-ath choinneimh – 27/4/17, Glaschu

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: